



ABS. 1.91.75

29 9. ~~B~~D

Library of the  
Rev. Donald Mackimmon Macalister,

Presented to the  
Free Church College,

by his Widow

1910.

S14. 62

AN  
SOISGEUL

A RÉIR

LUCAIS:

THE

OSPEL ACCORDING TO LUKE.

---

FOR THE USE OF THE GÆLIC SCHOOLS.

---

GLASGOW:  
PRINTED BY JACK & GALLIE,  
26, *Nelson-Street*.

---

1815.

THE CHURCH OF SCOTLAND  
EDINBURGH  
COLLEGE LIBRARY

Page 100

1885

Section on the ...



# An SOISGEUL a reir LUCAIS.

## The GOSPEL according to St. LUKE.

### CAIB. I.

**D**O bhrìgh gu'n do ghabh mòran os laimh eachdraidh scrìobhadh ann an òrdugh air na nithibh sin a ta air an coimhionadh \* 'nar measghe,

2 A réir mar a dh'aithris na daoine sin dhuinne iad, a chunnaic iad o thùs le 'n suilibh, agus a bha 'nan luchd frithealaidh an fhocail:

3 Chunnacas domhsa mar an ceudna, a Theophiluis ro òirdheirc, air faotainn dearbh fhios nan uile nithe dhomh o'n fhìor thoiseach, scrìobhadh, a' d'ionnsuidhs' an òrdugh,

4 Chum's gu'm hiodh fios agad air cinnteachd nan nithe anns an deachaidh do theagasg.

5 **B**HIA ann an laithibh Heroid rìgh Iudea, sagart àraidh d'am b'ainm Zacharias, do sheal<sup>b</sup> Abia: agus bha a bhean do nìghcanaibh Aaroin, agus b'ainm dh'ì Elisabet.

6 Agus bha iad faraon ionnraic am fianuis Dè, ag imnachd ann an uile áitheantaibh agus òrduighibh an Tighearna, gu neo-lochdach.

### CHAP. I.

**F**ORASMUCH as many have taken in hand to set forth in order a declaration of those things which are most surely believed among us,

2 Even as they delivered them unto us, which from the beginning were eye-witnesses, and ministers of the word;

3 It seemed good to me also, having had perfect understanding of all things from the very first, to write unto thee in order, most excellent Theophilus,

4 That thou mightest know the certainty of those things wherein thou hast been instructed.

5 **T**HERE was in the days of Herod the king of Judea, a certain priest named Zacharias, of the course of Abia; and his wife was of the daughters of Aaron, and her name was Elisabeth;

6 And they were both righteous before God, walking in all the commandments and ordinances of the Lord blameless.

<sup>a</sup> le lan dearbhadh air an creidsinn.

<sup>b</sup> chursa, roinn.

7 Agus cha robh duine cloinne aca, do bhrìgh gu'n, robh Elisabet nèo-thorach, agus bha iad araon aosmhor.

8 Agus tharladh am feadh a bha esan a' frithealadh mar shagart an làthair Dhé ann an órdugh a sheala,

9 A réir gnátha na sagartachd, b'e a chrannchur tùis a losgadh, air dha dol a steach do theampull an Tighearna.

10 Agus bha coimhthional an t-sluaigh uile a' deanamh ùrnuigh a muigh, re àn na tùise.

11 Agus chunneas leis-san aingeal an Tighearna' na sheasamh air taobh deas altaire na tùise.

12 Agus an uair a chunnaic Sacharias e, bha e fuidh thrioblaid, agus thuit eagal air.

13 Ach a dubhairt an t-aingeal ris, Na gabh eagal, a Shachariais; oir fhuair t'ùrnuigh èisdeachd, agus beiridh do bhean Elisabet mac dhuit, agus bheir thu Eoin mar ainm air.

14 Agus bithidh aoibhneas agus subhachas ort; agus ni mòran gairdeachas r'a bhreith.

15 Oir bithidh e mòr an làthair an Tighearna, agus cha'n òl e rìon no decch láidir; agus bithidh e air a lìonadh leis an Spiorad naomha, eadhon o bhroinn a mháthar.

7 And they had no child, because that Elisabeth was barren; and they both were now well stricken in years.

8 And it came to pass, that, while he executed the priest's office before God in the order of his course,

9 According to the custom of the priest's office, his lot was to burn incense when he went into the temple of the Lord.

10 And the whole multitude of the people were praying without at the time of incense.

11 And there appeared unto him an angel of the Lord standing on the right side of the altar of incense.

12 And when Zacharias saw him he was troubled, and fear fell upon him.

13 But the angel said unto him, Fear not, Zacharias; for thy prayer is heard; and thy wife Elisabeth shall bear thee a son, and thou shalt call his name John.

14 And thou shalt have joy and gladness; and many shall rejoice at his birth.

15 For he shall be great in the sight of the Lord, and shall drink neither wine nor strong drink; and he shall be filled with the Holy Ghost, even from his mother's womb.

16 Agus pillidh e mòran do chloinn Israeil ehum an Tighearna an Dé.

17 Agus theid e roimhesan inn an spiorad agus ann an cumhachd Eliais, a thionudadh cridhe nan aithriche ehum na cloinne, agus nan easumbal gu glioeas nam firean, a dh'ulluchadh pobuill deas do 'n Tighearn.

18 Agus a dubhairt Saeharias ris an aingeal, Cionnus a bhios fhios so agam? oir is seann duine mise, agus a ta mo bhean aosmhor.

19 Agus fhreagair an t-aingeal agus a dubhairt e ris, Is mise Gabriel a sheasas an là-thair Dhé: agus chuireadh mi a labhairt riutsa, agus a dh'in-nseadh an naidheachd<sup>d</sup> mbaith so dhuit.

20 Agus, feuch, bitlidh tu balbh agus gun chomas labhairt, gus an lá anns an d'thig na nithe gu crìch, clionn nach do chreid thu mo bhriathrasa, a blitheas air an coimh-lionadh 'nan àm fein.

21 Agus bha 'm pobull a' feitheamh re Saeharias, agus b' iongantach leo a' mhoille a rinn e san teampull.

22 Agus air teachd a mach dha, cha b'urraim e labhairt riu: agus thuig iad gu 'm fac e sealladh e *neamhaidh* san teampull; oir bha e smèideadh orra, agus dh'fhan e 'na thosd.

16 And many of the children of Israel shall he turn to the Lord their God.

17 And he shall go before him in the spirit and power of Elias, to turn the hearts of the fathers to the children, and the disobedient to the wisdom of the just; to make ready a people prepared for the Lord.

18 And Zacharias said unto the angel, Whereby shall I know this? for I am an old man, and my wife well stricken in years.

19 And the angel, answering, said unto him, I am Gabriel, that stand in the presenee of God; and am sent to speak unto thee, and to show thee these glad tidings.

20 And, behold, thou shalt be dumb, and not able to speak, until the day that these things shall be performed, because thou believest not my words, which shall be fulfilled in their season.

21 And the people waited for Zacharias, and marvelled that he tarried so long in the temple.

22 And when he came out he could not speak unto them: and they perceived he had seen a vision in the temple; for he beckoned unto them, and remained speechless.

<sup>d</sup> nuaidheachd, noimheachd.

e taisbean.

23 Agus tharladh, an uair a choimblionadh laithean a fhrithealaidh, gu'n deachaidh e d'a thigh fein.

24 Agus an déigh, nan là sin dh'fhàs e bhean Elisabet torrach, agus dh'fholaich si i fein re chùig mìos, ag radh,

25 Is ann mar so a rinn an Tighearna dhomh anns na laithibh an d'amhaire e orm, a thogail díom mo mhaslaidh am measg dhaoine.

26 Agus anns an t-seathadh mìos, chuireadh, an t-aingeal Gabriel o Dhia, gu cathair do Ghalile, d' am b'ainm Nasaret,

27 Dh'ionnsuidh òigh a bha fa cheangal pòsaidh aig fear d'am b'ainm Ioseph, do thigh Dhaibhidh; agus b' e ainm na h-òigh Muire.

28 Agus air dol a steach do 'n aingeal d'a h-ionnsuidh, a dubhairt e, Fàilte dhuit, o thusa d'an do nochdadh mòr dheadh-ghean, a ta 'n Tighearna maille riut: is beannuichte thu an measg bhan.

29 Agus an uair a chunnaic i e, bha i fa thrioblaid inntinn air son a chainnte, agus a' reusonachadh ciod a' ghnè altacha-beatha dh'fhendadh bhì 'n so.

30 Agus a dubhairt an t-aingeal rithe, Na biodh eagal ort, a Mhuire; oir fhuair thu deadh ghean o Dhia.

31 Agus, feuch, gabhaidh tu a' d' bhroinn, agus beiridh

23 And it came to pass, that, as soon as the days of his ministration were accomplished, he departed to his own house.

24 And after those days his wife Elisabeth conceived, and hid herself five months, saying,

25 Thus hath the Lord dealt with me in the days wherein he looked on me, to take away my reproach among men.

26 And in the sixth month the angel Gabriel was sent from God unto a city of Galilee, named Nazareth,

27 To a virgin espoused to a man whose name was Joseph, of the house of David; and the virgin's name was Mary.

28 And the angel came in unto her, and said, Hail, *thou that art* highly favoured, the Lord is with thee: blessed *art* thou among women.

29 And when she saw *him* she was troubled at his saying, and cast in her mind what manner of salutation this should be.

30 And the angel said unto her, Fear not, Mary; for thou hast found favour with God,

31 And, behold, thou shalt conceive in thy womb, and



tu mac, agus bheir thu IOSA mar ainm air.

32 Bithidh e mòr, agus goirear Mac an Ti a's ro àirde dheth: agus bheir an Tighearna Dia dha rìghchathir a-thar fein Dhaibhidh.

33 Agus bithidh e 'na Rìgh air tigh Iacoib gu bràth, agus cha bhi crìoch air a rìghachd.

34 Agus a dubhairt Muire ris an aingeal, Cionnus a bhithas so, do bhrìgh nach 'eil aitline agamsa air duine?

35 Agus fhreagair an t-aingeal agus a dubhairt e rithe, Thig an Spiorad naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort: uime sin an ni naomha sin a bheirear leat, goirear Mac Dé dheth.

36 Agus feuch, do bhancharaid Elisabet, a ta ise fein torrach air mac 'na sean aois; agus 's e so an seathadh mìos dh'ise d'an goirteadh bean neo-thorach;

37 Oir cha 'n'eil ni sam bith do dheanta do Dhia.

38 Agus a dubhairt Muire, Feuch banoglach an Tighearna, biodh e dhomhsa rèir t-fhocail. Agus dh'fhalbh an t-aingeal uaipe. r

39 Agus air éirigh do Mhuire sua laithibh sin, chaidh i le cabhaig do dhùthaich nam bean, gu baile do Iuda.

bring forth a son, and shalt call his name JESUS.

32 He shall be great, and shall be called, The Son of the Highest: and the Lord God shall give unto him the throne of his father David:

33 And he shall reign over the house of Jacob for ever; and of his kingdom there shall be no end.

34 Then said Mary unto the angel, How shall this be, seeing I know not a man?

34 And the angel answered and said unto her, The Holy Ghost shall come upon thee, and the power of the Highest shall overshadow thee; therefore also that holy thing, which shall be born of thee, shall be called, The Son of God.

36 And, behold, thy cousin Elisabeth, she hath also conceived a son in her old age: and this is the sixth month with her who was called barren.

37 For with God nothing shall be impossible.

38 And Mary said, Behold the handmaid of the Lord; be it unto me according to thy word. And the angel departed from her.

39 And Mary arose in these days, and went into the hill-country with haste, into a city of Juda;

40 Agus chaidh i steach do thigh Shachariais, agus chuir i fàilte air Elisabet.

41 Agus thariadh an uair a chual Elisabet beannachadh Mhuirc, gu'n do lèum an naoidhean 'na broinn: agus lìonadh Elisabet leis an Spiorad naomha.

42 Agus ghlaodh i mach le guth ard, agus a dubhairt i, *Is* beannuicht' thu am measg bhan, agus *is* beannuichte toradh do bhronn.

43 Agus cionnus a dh'èirich so dhombsa, gu 'n d'thigeadh màthair mo Thighearna a'm' ionnsuidh?

44 Oir feuch, co luath 's a thainig fuaim do bheannachaidh a'm' chluasaibh, bhrìosg an naoidhean le h-aoibhneas ann mo bhronn.

45 Agus *is* beannuicht' ise a chreid; oir coinhlionar <sup>8</sup> na nithe a labhradh rithe leis an Tighearna.

46 Agus a dubhairt Muire, A ta m'anam ag àrd mholadh an Tighearna,

47 Agus a ta mo spiorad a' deanamh gàirdeachais ann an Dia mo Shlànuighear;

48 Do bhrìgh gu'n d'amaire e air staid ìosal a bhanoglaich: oir fèuch, o so suas goiridh gach linn beannuichte dhìom.

40 And entered into the house of Zacharias, and saluted Elisabeth.

41 And it came to pass, that when Elisabeth heard the salutation of Mary, the babe leaped in her womb; and Elisabeth was filled with the Holy Ghost;

42 And she spake out with a loud voice, and said, Blessed *art* thou among women, and blessed *is* the fruit of thywomb.

43 And whence *is* this to me, that the mother of my Lord should come to me?

44 For, lo, as soon as the voice of thy salutation sounded in mine ears the babe leaped in my womb for joy.

45 And blessed *is* she that believed; for there shall be a performance of those things which were told her from the Lord.

46 And Mary said, My soul doth magnify the Lord,

47 And my spirit hath rejoiced in God my Saviour.

48 For he hath regarded the low estate of his handmaiden: for, behold, from henceforth all generations shall call me blessed.

<sup>8</sup> a chreid gu'n coinhlionar.

49 Do Lhrigh gu'n d'rinn an Ti a ta cumhachdach nithe mòra dhomh, agus is naonilia ainm.

50 Agus a ta a thròcairsan o linn gu linn, do'n droing d'an eagal è.

51 Nochd e neart le ghairdean, sgap e na h-uaibhrich ann an smuaintibh an cridhe féin.

52 Thug e nuas na daoine cumhachdach o'n caithrichibh rioghail, agus dh'àrduich c iadsan a bha ìosal.

53 Lìon e 'n droing a bha ocrach le nithibh maithe, agus chuir e uaith na daoine saibhrc falamh.

54 Rinn e còmhnaidh b re Israel òglach fein, ann an cuinncachadh a thròcair;

55 Mar a labhair e r'ar n-aithrichibh, do Abraham agus d'a shliochd gu bràth.

56 Agus dh'fhan Muire maile rithe mu thimchioll thri mìos, agus phill i d'a tigh fein.

57 A nis thainig làn inbhe Elisabet, gu'm biodh i air a h-aiscad; agus rug i mac.

58 Agus chual a còimhear-snaieh agus a càirde mar a nochd an Tighearna mòr thròcair dh'i: agus rinn iad gairdeachas maile rithe.

59 Agus tharladh air an ochdamh là gu'n d'thainig iad a thimchioll-ghearradh an na-

49 For he that is mighty hath done to me great things; and holy is his name.

50 And his mercy is on them that fear him from generation to generation.

51 He hath showed strength with his arm; he hath scattered the proud in the imagination of their hearts.

\* 52 He hath put down the mighty from *their* seats, and exalted them of low degree.

53 He hath filled the hungry with good things; and the rich he hath sent empty away.

54 He hath holpen his servant Israel, in remembrance of *his* mercy;

55 As he spake to our fathers, to Abraham, and to his seed for ever.

56 And Mary abode with her about three months, and returned to her own house.

57 Now Elisabeth's full time came that she should be delivered; and she brought forth a son.

58 And her neighbours and her cousins heard how the Lord had showed great mercy upon her; and they rejoiced with her.

59 And it came to pass, that on the eighth day they came to circumcise the child;

oidhein; agus ghoir iad Sacharias deth, a rèr ainme athar.

60 Agus fhreagair a mliàthair, agus a dubhairt i, Ni h-eadh; ach goirear Eoin deth.

61 Agus a dubhairt iad rithe, Cha 'n'eil aon neach do d'chàirdibh' d'an goirear an t-ainm so.

62 Agus smèid iad air a-thair, ciod an t-ainm a b'àill leis thoirt air.

63 Agus air iarraidh clàir-scriobhaidh dhàsan, scrìobh e, ag radh, 'S e Eoin is ainm dha. Agus ghabh iad iongantais uile.

64 Agus air ball dh'fhosgadh a bhèul, agus dh'fhuasgladh a theanga, agus labhair e, a' moladh Dhé.

65 Agus thainig eagal air an coimhearsnaich uile: agus dh'aithriseadh na nithe sin gu léir feadh dhùthaich àrd Iudea uile.

66 Agus iadsan uile a chuala na nithe sin, thaisg iad 'nan cridhe iad, ag radh, Ciod glinè leinibh a bhitheas an so! Agus bha làmh an Tighearna maille ris.

67 Agus bha Sacharias a-thair air a lìonadh leis an Spiorad naomh, agus rinn e fàidheadaireachd, ag radh,

68 Gu ma beannuicht' an Tighearna Dia Israeil; air son gu'n d'fhiosraich e, agus gu'n d' thug e saorsa d'a phobull,

69 Agus gu'n do thog e suas dhuinne adharc slàinte,

and they called him Zacharias, after the name of his father.

60 And his mother answered and said, Not so; but he shall be called John.

61 And they said unto her, There is none of thy kindred that is called by this name.

62 And they made signs to his father how he would have him called.

63 And he asked for a writing-table, and wrote, saying, His name is John. And they marvelled all.

64 And his mouth was opened immediately, and his tongue loosed, and he spake, and praised God.

65 And fear came on all that dwelt round about them: and all these sayings were noised abroad throughout all the hill-country of Judea.

66 And all they that had heard them laid them up in their hearts, saying, What manner of child shall this be! And the hand of the Lord was with him.

67 And his father Zacharias was filled with the Holy Ghost, and prophesied, saying,

68 Blessed be the Lord God of Israel; for he hath visited and redeemed his people,

69 And hath raised up a horn of salvation for us in the

ann an tigh Dhaibhidh òglaich fein;

70 A rèir mar a labhair e le beul fhàidhean naomha fein, a bha ann o thoiseach an t-saoghail;

71 A thabhairt saorsa dhuinn o ar naimhdeibh, agus o làimh na muinntir sin uile le'm fuathach sinn:

72 A choimhlionadh na trècair a gheall e d'ar n-aithrichibh, agus a chuinnneachadh a choimhcheangail naomha fein:

73 Na mionnan a mhionnaich e d'ar n-athair Abraham,

74 Gu'n d'thugadh e dhuinn, air bhi dhuinn, air ar saoradh o laimh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis dha as èugmhais eagail,

75 Ann an naomhachd agus ann an fìreantachd 'na làthair fein, uile làithean ar beatha.

76 Agus thusa, a leinibh, goirear dhìot Fàidh an Ti a's àirde; oir théid thu roimh 'aghaidh an Tighearna, dh'ulluchadh a shlighe;

77 A thabhairt eòlais na slainte d'a phobull, ann an maitheanas an speacanna.

78 Tre thrècair ro mhòir ar Dé-ne, leis an d'fhiosraich an ùr mhaduinn o'n ionad a's àirde sinn,

79 A thoirt soluis dhoibhsan a ta 'nan suidhe ann an dorchadas, agus ann an sgàil a' bhàis, a threòrachadh ar cos air slighe na sìth.

house of his servant David;

70 As he spake by the mouth of his holy prophets, which have been since the world began;

71 That we should be saved from our enemies, and from the hand of all that hate us;

72 To perform the mercy promised to our fathers, and to remember his holy covenant,

73 The oath which he sware to our father Abraham,

74 That he would grant unto us, that we, being delivered out of the hand of our enemies, might serve him without fear,

75 In holiness and righteousness before him all the days of our life.

76 And thou, child, shalt be called, The Prophet of the Highest: for thou shalt go before the face of the Lord to prepare his ways;

77 To give knowledge of salvation unto his people, by the remission of their sins,

78 Through the tender mercy of our God; whereby the day spring from on high hath visited us,

79 To give light to them that sit in darkness and in the shadow of death, to guide our feet into the way of peace.

80 Agus dh'fhàs an leanabh, agus nairtaicheadh an spiorad e, agus bha e san fhàsach gu lá fhoillseachaidh do Israel.

## CAIB. II.

**A** GUS tharladh sua làitibh sin, gu'n deachuidh órdugh a mach o Cheasar Augustus, an domhan uile a mheas<sup>1</sup>.

2 (Agus rinneadh an ceud mheas so 'nuair a bha Cirenius 'na uachdaran air Siria.)

3 Agus chaidh iad uile chum a bhi air an meas, gach aon fa leth d'a bhaile fein.

4 Agus chaidh Ioseph mar an ceudna suas o Ghalile, a baile Nasaret, do Iudea, gu baile Dhaibhidh, d'an goirear Betlehem, (do bhrìgh gu'n robh e do thigh agus do shli-ochd Dhaibhidh,)

5 Chum gu biodh e air a mheas naille re Muire a bha fa cheangal pòsaidh dha, agus i mór-thorrach.

6 Agus tharladh, am feadh a bha iad an sin, gu'n do choinhionadh laithean a h-inbhe, chum i bhi air a h-aisead.

7 Agus rug i a ceud-ghin mic, agus phaisg i e an brat-spèilidh, agus chuir i 'na luidhe am praisaich e, do bhrìgh nach robh àit aca san tigh ósda.

8 Agus bha anns an dù-thaich sin buachaillean a' fantuim a nuigh, agus a' dean-

80 And the child grew, and waxed strong in spirit, and was in the deserts till the day of his showing unto Israel.

## CHAP. II.

**A** ND it came to pass in those days, that there went out a decree from Cesar Augustus, that all the world should be taxed.

2 (*And* this taxing was first made when Cyrenius was governor of Syria.)

3 And all went to be taxed, every one into his own city.

4 And Joseph also went up from Galilee, out of the city of Nazareth, into Judea, unto the city of David, which is called Bethlehem, (because he was of the house and lineage of David,)

5 To be taxed with Mary his espoused wife, being great with child.

6 And so it was, that, while they were there, the days were accomplished that she should be delivered.

7 And she brought forth her first born son, and wrapped him in swaddling clothes, and laid him in a manger; because there was no room for them in the inn.

8 And there were in the same country, shepherds abiding in the field, keeping watch

<sup>1</sup> an impireachd uile a scrìobhadh an cìs-chlàr.

amh faire-oidhche air an trènd.

9 Agus feuch, thainig ain-geal an Tighearn' orra, agus dhealraich glòir an Tighearna n'an timchioll; agus ghabh iad cagal mòr.

10 Agus a dubhairt an t-aingeal riu, Na biodh eagal oirbh: oir feuch, a ta mi 'g ianseadh dhuibh deadh sgéil mhòir aoibhneis, a bhiuhas do'n uile shluagh:

11 Oir rugadh dhuibh an diugh Slánuighear, ann an cathair Dhaibhidh<sup>k</sup>, neach is e Criosd an Tighearna.

12 Agus bithidh so 'na chombara dhuibh: Gheibh sibh an naoidhean paisgte ann am brat-speilidh, 'na luidhe an prasaich.

13 Agus air ball bhà maille ris an aingeal cuideachd mhòr do armaitibh nèinne, a' moladh Dhé, agus ag rádh,

14 Glòir do Dhia anns na b-árdiabh, agus air talamh sìth, deadh ghean do dhaoineibh.

15 Agus tharladh, 'nuair a dh'fhalbh na h aingil uatha do nèamh, gu'n dubhairt na buachaillean r'a chéile, Rachamaid a nis cadhon do Bhetlehem, agus faiceamaid an ni so a rinneadh, a dh'fhoillsich an Tighearna dhuinne.

16 Agus thainig iad gu grad, agus fhuair iad Muire agus Ioseph, agus an leanabh 'na luidhe sa' phrasaich.

over their flock by night.

9 And, lo, the angel of the Lord came upon them, and the glory of the Lord shone round about them; and they were sore afraid.

10 And the angel said unto them, Fear not; for, behold, I bring you good tidings of great joy, which shall be to all people.

11 For unto you is born this day, in the city of David, a Saviour, which is Christ the Lord.

12 And this *shall be* a sign unto you; Ye shall find the babe wrapped in swaddling-clothes, lying in a manger.

13 And suddenly there was with the angel a multitude of the heavenly host praising God, and saying,

14 Glory to God in the highest, and on earth peace, good will toward men.

15 And it came to pass, as the angels were gone away from them into heaven, the shepherds said one to another, Let us now go even unto Bethlehem, and see this thing which is come to pass, which the Lord hath made known unto us.

16 And they came with haste, and found Mary and Joseph, and the babe lying in a manger.

<sup>k</sup> am baile Dhaibhidh.

17 Agus an nair a chunnaic iad *sin*, dh'aithris iad an nì a dh'innseadh dhoibh mu thimchioll an leinibh so.

18 Agus ghabh gaeh neach a chuala so, iongantas 'ris na nithibh sin a dh'innseadh dhoibh leis na buachailibh.

19 Aeh ghlèidh Muire na nithe sin uile, a' beachd smuaineachadh orra <sup>1</sup>'na cridhe.

20 Agus phill na buachaillean, a' tabhairt glòir agus molaidh do Dhia air son nan nithe sin uile a ehual agus a chunnaic iad, a réir mar a dubhradh riu.

21 Agus an nair a choimhionadh ochd laithean chum an leanabh a thimchioll-ghearradh, thugadh IOSA mar ainm air, eadhon an t-ainm a ghoir an t-aingeal deth mun do ghabhadh sa' bhroinn e.

22 Agus an uair a choimhionadh laithean a <sup>m</sup> glanaidh, a réir lagha Mhaois, thug iad esan gu Hierusalem, chum a thaisbeanadh do'n Tighearna;

23 (Mar a ta e scrìobhta ann an lagh an Tighearna, Gach ceud-ghiu mic a dh'fhosgla a' bhrù, gairmear naomha do'n Tighearn e;)

24 Agus a thabhairt ìobairt a réir mar a deirear ann an lagh an Tighearna, Paidhir <sup>n</sup> thurtur, no dà ehòlur an òga.

17 And, when they had seen *it*, they made known a-broad the saying which was told them concerning this child.

18 And all they that heard *it* wondered at those things which were told them by the shepherds.

19 But Mary kept all these things and pondered *them* in her heart.

20 And the shepherds returned, glorifying and praising God for all the things that they had heard and seen, as it was told unto them.

21 And when eight days were accomplished for the circumcising of the child, his name was called JESUS, which was so named of the ang l before he was conceived in the womb.

22 And when the days of her purification, according to the law of Moses, were accomplished, they brought him to Jerusalem, to present *him* to the Lord;

23 (As it is written in the law of the Lord, Every male that openeth the womb shall be called holy to the Lord;)

24 And to offer a sacrifice, according to that which is said in the law of the Lord, A pair of turtle-doves, or two young pigeons.

<sup>1</sup> gan tomhas. Gr.

<sup>m</sup> an.

<sup>n</sup> Càrsid.



25 Agus feuch, bha duine ann an Hierusalem, d'am b'ainn Simeon; agus bha'n duine so ionraic agus diaidhaidh, agus bha dúil aige re bólas Israeil: agus bha'n Spiorad naomh air.

26 Agus dh'fhoillsieadh dh'ha leis an Spiorad naomh, nach faiceadh é bàs, agus am faiceadh e Crìosd an Tigh-earna.

27 Agus thainig e le treòrachadh an Spiorad do'n teampull: Agus an uair a thug na pàrantan an leanabh Mosa a stigh, chum's gu'n cleanadh iad air a shon a réir gnáthuehaidh an lagha.

28 An sin ghlac esan 'na uchd<sup>o</sup> e, agus bheannuich e Dia, agus a dubhairt e,

29 A nis, a Thighearn, a ta thu leigeadh do d' sheirbhiseach siubhal an sìth, a réir t'fhocail;

30 Oir chunnaic mo shúile do shlàinte.

31 A dh'ulluich thu roimh ghnúis nan uile shluagh:

32 Solus a shoillseachadh man Cinneach, agus glòir do phobuill Israeil.

33 Agus ghabh Ioseph agus a mhàthair iongantas mu na nithibh a labhradh uime.

34 Agus bheannuich Simeon iad, agus a dubhairt e re Muire a mhàthair, Feuch, chuireadh an leanabh so chum

25 ¶ And, behold there was a man in Jerusalem whose name was Simeon: and the same man was just and devout, waiting for the consolation of Israel; and the Holy Ghost was upon him.

26 And it was revealed unto him by the Holy Ghost, that he should not see death before he had seen the Lord's Christ.

27 And he came by the Spirit into the temple: and when the parents brought in the child Jesus, to do for him after the custom of the law,

28 Then took he him up in his arms, and blessed God, and said,

29 Lord, now lettest thou thy servant depart in peace, according to thy word:

30 For mine eyes have seen thy salvation,

31 Which thou hast prepared before the face of all people;

32 A light to lighten the Gentiles, and the glory of thy people Israel.

33 And Joseph and his mother marvelled at those things which were spoken of him.

34 And Simeon blessed them, and said unto Mary his mother, Behold, this child is set for the fall and rising again

<sup>o</sup> air a ghàirdeinibh.

tuiteam agus aiseirigh mhòrain ann an Israel, agus 'na chomhar an aghaidh an labhrar :

35 (Agus theid claidheamh tre d' anani-sa fein;) chum's gu'm foillsichear smuainte cridheacha mhòrain.

36 Agus bha Anna ban-fháidh, nighean Phanueil, do thréibh Aseir; bha i ro aos-mhor, agus chaith i seachd bliadhna maille re fear o ám dh'i bhi 'na h-òigh.

37 Agus bu bhantrach i ma thimehioll ceithir bliadhna agus ceithir fichead a dh'aois, nach deachaidh o'n teampull, a' deanamb seirbhis do *Dhia* a lá agus a dh'oidheche le tros-gadh agus le h-ùrnuigh.

38 Agus air teachd dh'ise a stigh san uair sin fein, thug i moladh do'n Tighearn, agus labhair i m'a thimehioll riusan uile aig an robh súil re suorsa ann an Ierusalem.

39 Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithe a réir lagha an Tighearna, phill iad do Ghalile, d'am baile fein Nasaret.

40 Agus dh'fhás an leanabh, agus neartuicheadh an spiorad e, air a ònadh le gliocas; agus bha grása Dhé air.

41 Agus chaidh a phàranta gach bliadhna gu Hierusalem, aig fàisd na càisge.

42 Agus air bli dha dà bhliadhna dheug a dh' aois, chaidh iad suas gu Hierusalem a réir gnàtha na fèisde.

of many in Israel; and for a sign which shall be spoken against;

35 (Yea, a sword shall pierce through thy own soul also;) that the thoughts of many hearts may be revealed.

36 And there was one Anna, a prophetess, the daughter of Phanuel, of the tribe of Aser; she was of a great age, and had lived with an husband seven years from her virginity:

37 And she was a widow of about fourscore and four years, which departed not from the temple, but served God with fastings and prayers night and day.

38 And she, coming in that instant, gave thanks likewise unto the Lord, and spake of him to all them that looked for redemption in Jerusalem.

39 And when they had performed all things, according to the law of the Lord, they returned into Galilee, to their own city Nazareth.

40 And the child grew, and waxed strong in spirit, filled with wisdom; and the grace of God was upon him.

41 Now his parents went to Jerusalem every year at the feast of the passover.

42 And when he was twelve years old, they went up to Jerusalem, after the custom of the feast.

43 Agus air coimhlionadh nan là sin doibh, 'nuair a phill iadsan, dh'fhan an leanabh Iosa 'nan déigh ann an Hierusalem; agus cha robh fios aig Ioseph no aig a mhàthair sin.

44 Ach air dhoibh a shaol-sinn gu'n robh e sa' chuideachd, dh'imich iad astar là; agus dh' iarr iad e measg an càirdean, agus an luchd eòlais.

45 Agus an uair nach d'fhuair iad e, phill iad gu Hierusalem, 'ga iarruidh.

46 Agus thàrladh 'n déigh thrì là, gu'n d'fhuar iad e san teampull, 'na shuidhe am meadhon an luchd teagaisg, araon 'gan éisdeachd, agus a' cur cheist orra.

47 Agus ghabh a' mhuinntir a chual e uile iongantais r'a thuigse agus r'a fhreagraibh.

48 Agus air dhoibh fhaicinn ghlac uamhas iad: agus a dubhairt a mhàthair ris, A mhic, e'ar son 'a rinn thu mar so oirnn? feuch, bha t'athair agus mise gu brònach ga d'iarruidh.

49 Agus a dubhairt esan riu, C'ar son a bha sibh ga m'iarruidh? nach robh fhios agaibh gu'm bu chòir dhòmlsa bhí ann an tigh m' Athar?

50 Agus cha do thuig iad san an nì a labhair e riu.

51 Agus chaidh e sìos maille

43 And when they had fulfilled the days, as they returned, the child Jesus tarried behind in Jerusalem; and Joseph and his mother knew not of it.

44 But they, supposing him to have been in the company, went a day's journey; and they sought him among their kinsfolk and acquaintance.

45 And when they found him not, they turned back again to Jerusalem, seeking him.

46 And it came to pass, that, after three days, they found him in the temple, sitting in the midst of the doctors, both hearing them, and asking them questions.

47 And all that heard him were astonished at his understanding and answers.

48 And when they saw him they were amazed: and his mother said unto him, Son, why hast thou thus dealt with us? behold, thy father and I have sought thee sorrowing.

49 And he said unto them, How is it that ye sought me? wist ye not that I must be about my Father's business?

50 And they understood not the saying which he spake unto them.

51 And he went down with

riu, agus thainig e gu Nasaret, agus bha e únhal doibh: ach ghléidh a mháthair na nithe sin nile 'na cridhe.

52 Agus tháinig Iosa air aghaidh ann an gliocas agus am meudachd, agus ann an deadh-chean aig Dia, agus aig daoinibh.

### CAIB. III.

**A**NIS anns a' chùigeadh bliadhna deug do impi-reachd Thiberius Cheasair, air bhi do Phontius Pilat 'na uachdaran air Iudea, agus Herod 'na Thetrarch air Galile, agus Philip a bhráthair 'na Thetrarch air Iturea agus dúthaich Thrachonitis, agus Lisanius 'na Thetrarch air Abilene,

2 An uair a bha Annas agus Caiaphas 'nan àrd shagartaibh, tháinig focal Dé chun Eoin mhic Shachariais anns an fhàsach.

3 Agus tháinig e d'on dùthaich uile timchioll Iordain a' searmonachadh baistidh an aithreachais, chum maitheanas, pheacanna;

4 Mar a tá e scríobhta ann an leabhar bhriathar an fháidh Esais, ag ràdh, Guth an ti a dh'éigheas anns an fhàsach Ulluichibh slighe an Tighearna dean aibh a chéumanna díreach.

5 Bithidh gach gleann air a lionadh, agus gach béinn agus enoc air an isleachadh; agus bithidh na nithe cam a air an

them, and came to Nazareth, and was subject unto them: but his mother kept all these sayings in her heart.

52 And Jesus increased in wisdom and stature, and in favour with God and man.

### CHAP. III.

**N**OW, in the fifteenth year of the reign of Tiberius Cesar, Pontius Pilate being governor of Judea, and Herod being tetrarch of Galilee, and his brother Philip, tetrarch of Iturea and of the region of Trachonitis, and Lysanias the tetrarch of Abilene,

2 Annas and Caiaphas being the high priests, the word of God came unto John, the son of Zacharias, in the wilderness.

3 And he came into all the country about Jordan, preaching the baptism of repentance for the remission of sins;

4 As it is written in the book of the words of Esaias the prophet, saying, The voice of one crying in the wilderness, Prepare ye the way of the Lord, make his paths straight.

5 Every valley shall be filled, and every mountain and hill shall be brought low; and the crooked shall be made straight,

deanamh dìreach, agus na and the rough ways *shall be*  
 slighean garbha air an deanamh made smooth ;  
 réidh ;

6 Agus chi gach uile fheadh 6 And all flesh shall see the  
 slàinte Dhé. salvation of God.

7 Uinne sin a dubhairt e ris 7 Then said he to the mul-  
 an t-sluagh a thainig a mach titude that came forth to be  
 chuam bhi air am baisteadh leis, baptized of him, O generation  
 A shìol nan nathraiche nimhe of vipers, who hath warned  
 eò thug rabhadh dhuibhse you to flee from the wrath to  
 teicheadh o'n fheirg a ta re come ?  
 teachd ?

8 Air an aobhar sin thugaibh 8 Bring forth, therefore,  
 a mach toradh iomchuidh an fruits worthy of repentance ;  
 aithreachais, agus na tòisichibh and begin not to say within  
 air a ràdh ionnaibh fein, Ata yourselves, We have Abraham  
 Abraham 'na Athair againn : to *our* father : for I say unto  
 oir a deirim ribh, gur comas- you, that God is able of these  
 ach Dia do na elachaibh so air stones to raise up children unto  
 clann a thogail suas do Abra- Abraham.

9 Agus a nis fein a ta 'n 9 And now also the axe is  
 tuagh air a eur re bun nan laid unto the root of the trees :  
 craobh : air an aobhar sin gach every tree therefore, which  
 craobh nach toir a mach toradh bringeth not forth good fruit is  
 maith, gearrar sìos i, agus til- hewn down and cast into the  
 gear san teine i. fire.

10 Agus dh'fheadruich an 10 And the people asked  
 sluagh dheth, ag radh, Ciod him, saying, What shall we  
 uime sin a ni sinne ? do then ?

11 Agus fheagair esan agus 11 He answereth and saith  
 a dubhairt e riu, An ti aig am unto them, He that hath two  
 bheil dà chòta, roinneadh e ris coats, let him impart to him  
 an ti aig nach 'eil ; agus an ti that hath none ; and he that  
 aig am bheil biadh, deanadh e hath meat, let him do like-  
 mar an ceudna. wise.

12 Agus thainig mar an 12 Then came also publicans  
 ceudna eis-mhaoir gu bhli air to be baptized, and said unto  
 am baisteadh, agus a dubhairt him, Master, what shall we  
 iad ris, A mhaighstir, ciod a do ?  
 ni sinne ?

13 Agus a dubhairt esan riu, Na deanaibh <sup>q</sup> nì air bith os cionn na dh' òrduicheadh dhuibh.

14 Agus dh'fhèdrùich na saighdearan mar an céudna dheth, ag ràdh, Agus ciod a nì sinne? Agus a dubhairt e riu, Na deanaibh foirneart air neach sam bith, no casaid-bhrèige, agus bithibh toilichte le'r tuarasdál.

15 Agus air bhi do'n phobull a' feitheamh, agus na h'uile dhaoine a' reusonachadh 'nan cridheachaibh fein mu thimchioll Eoin, am b'e Crìosd a bh'ann;

16 Fhreagair Eoin, ag ràdh riu uile, Tha mise gu dearbh 'gar baisteadh le h-uisge; ach a ta neach a' teachd is cum-hachdaiche na mise, agus cha 'n airidh mise air barr-iall a bhróg fhuasgladh; baistidh esan sibh leis an Spiorad naomh, agus le teine.

17 Aig am bheil a ghuit 'na làimh, agus ro-ghlanaidh e ùrlar, agus cruinnichidh e 'n cruineachd d'a thaisg-thigh; ach loisgidh e am moll le teine nach fheudar a mhùchadh.

18 Agus ag earalachadh mòrain do nithibh eile, shearmonaich e do'n t-sluagh.

19 Ach air do Herod an Tetrarchbhi air a chronachadh leis air son Herodias bean a

13 And he said unto them Exact no more than that which is appointed you.

14 And the soldiers likewise demanded of him, saying, And what shall we do? And he said unto them, do violence to no man, neither accuse *any* falsely; and be content with your wages.

15 ¶ And as the people were in expectation, and all men mused in their hearts of John, whether he were the Christ or not;

16 John answered, saying unto *them* all, I indeed baptize you with water; but one mightier than I cometh, the latchet of whose shoes I am not worthy to unloose: he shall baptize you with the Holy Ghost, and with fire.

17 Whose fan is in his hand and he will throughly purge his floor, and will gather the wheat into his garner; but the chaff he will burn with fire unquenchable.

18 And many other things in *his* exhortation, preached he unto the people.

19 ¶ But Herod the tetrarch, being reproved by him, for Herodias his brother Phi-

bluràthar [Philip], agus air lip's wife, and for all the evils  
son gach olc a rinn Herod. which Herod had done,

20 Chuir e so ris gach olc 20 Added yet this above  
eile, gu'n do dhruid e Eoin am all, that he shut up John in  
prìosun. prison.

21 Agus thàrladh, 'nuair a 21 ¶ Now, when all the  
bha 'n sluagh uile air am baist- people were baptized, it came  
eadh, air do Iosa mar an ceud- to pass, that Jesus also being  
na bli air a bhaisteadh, agus e baptized, and praying, the  
re ùrnuigh, gu'n d'fhosgladh heaven was opened,  
néamh :

22 Agus gu'n d'thainig an 22 And the Holy Ghost  
Spiorad naomh a nuas air an descended in a bodily shape,  
coslas corporra, mar choluman, like a dove, upon him, and a  
agus gu'n d'thainig guth o voice came from heaven, which  
néamh, ag ràdh, Is tusa mo said, thou art my beloved Son;  
Mhac gràdhach, am bheil mo in thee I am well pleased.

23 Agus thòisich Iosa fein 23 And Jesus himself began  
air a bli mu thimehioll deich to be about thirty years of age,  
bliadhna fichead a dh'aois air being (as was supposed) the  
dha bli (réir barail dhaoine) son of Joseph, which was *the*  
'na mhac do Ioseph, mac son of Heli,

24 Mhic Mhatait, mhic 24 Which was *the son of*  
Lebhi, mhic Mhelehi, mhic Matthat, which was *the son of*  
Ianna, mhic Ioseiph, Levi, which was *the son of*  
Joseph, Melchi, which was *the son of*  
Janna, which was *the son of*  
Joseph,

25 Mhic Mhatataias, mhic 25 Which was *the son of*  
Amois, mhic Nauim, mhic Esli, Mattathias, which was *the son*  
mhic Nage, of Amos, which was *the son of*  
Nahum, which was *the son of*  
Esli, which was *the son of*  
Nagge,

26 Mhic Mhaait, mhic 26 Which was *the son of*  
Mhatataias, mhic Shemei, mhic Maath, which was *the son of*  
Iosciph, mhic Iudah, Mattathias, which was *the son*  
of Scmei, which was *the son of*  
Joseph, which was *the son of*  
Juda.

27 *Mhic* Ioanna, *mhic*  
Rhesa, *mhic* Shorababeil, *mhic*  
Shalatieil, *mhic* Neri,

28 *Mhic* Mhelchi, *mhic*  
Adi, *mhic* Chosaim, *mhic*  
Elmodaim, *Mhic* Er,

29 *Mhic* Iose, *mhic* Elieseir,  
*mhic* Ioreim, *mhic* Mhatait,  
*mhic* Lebhi,

30 *Mhic* Shimeoin, *mhic*  
Iudah, *mhic* Ioseiph, *mhic*  
Ionain, *mhic* Eliacim,

31 *Mhic* Mhelea, *mhic*  
Mhainain, *mhic* Mhatata, *mhic*  
Natain, *mhic* Dhaibhidh,

32 *Mhic* Iesse, *mhic* Obeid  
*mhic* Bhoois, *mhic* Shalmoin,  
*mhic* Naasoin,

33 *Mhic* Aminadaib, *mhic*  
Aram, *mhic* Esroim, *mhic*  
Phareis, *mhic* Iudah.

27 Which was *the son* of  
Joanna, which was *the son* of  
Rhesa, which was *the son* of  
Zorobabel, which was *the son*  
of Salathiel, which was *the son*  
of Neri,

28 Which was *the son* of  
Melchi, which was *the son* of  
Addi, which was *the son* of  
Cosam, which was *the son* of  
Elmodam, which was *the son*  
of Er,

29 Which was *the son* of  
Jose, which was *the son* of  
Eliezer, which was *the son* of  
Jorim, which was *the son* of  
Matthat, which was *the son* of  
Levi,

30 Which was *the son* of  
Simeon, which was *the son* of  
Juda, which was *the son* of  
Joseph, which was *the son* of  
Jonan, which was *the son* of  
Eliakiin,

31 Which was *the son* of  
Melea, which was *the son* of  
Menan, which was *the son* of  
Mattatha, which was *the son*  
of Nathan, which was *the son*  
of David,

32 Which was *the son* of  
Jesse, which was *the son* of  
Obed, which was *the son* of  
Booz, which was *the son* of  
Salmon, which was *the son* of  
Naasson,

33 Which was *the son* of A-  
minadab, which was *the son* of  
Aram, which was *the son* of Es-  
rom, which was *the son* of Pha-  
rez, which was *the son* of Juda,



34 *Mhic Iacoib, mhic Isaac, mhic Abraham, mhic Thara, mhic Nachoir,*

35 *Mhic Sharuic, mhic Ragau, mhic Phaleic, mhic Ebeir, mhic Shala,*

36 *Mhic Chainain, mhic Arphaesaid, mhic Shem, mhic Noe, mhic Lameich,*

37 *Mhic Mhatusala, mhic Enoich, mhic Iareid, mhic Mhaleleil, mhic Chainain,*

38 *Mhic Enois, mhic Shet, mhic Adhaimh, mhic Dhé.*

34 Which was *the son of Jacob, which was the son of Isaac, which was the son of Abraham, which was the son of Thara, which was the son of Nachor,*

35 Which was *the son of Seruch, which was the son of Ragau, which was the son of Phalec, which was the son of Heber, which was the son of Sala.*

36 Which was *the son of Cainan, which was the son of Arphaxad, which was the son of Shem, which was the son of Noe, which was the son of Lamech,*

37 Which was *the son of Mathusala, which was the son of Enoch, which was the son of Jared, which was the son of Maleleel, which was the son of Cainan,*

38 Which was *the son of Enos, which was the son of Seth, which was the son of Adam, which was the son of God.*

## CAIB. IV.

AGUS air do Iosa bhí lán do'n Spiorad naomh, phill e air ais o Jordan, agus threó-raicheadh e leis an Spiorad do'n fhásach,

2 Agus bhà e air a bhuaireadh rè dhá fhichead lá leis an diabhol agus cha d'ith e nì sam bith anns na laithibh

## CHAP. IV.

AND Jesus, being full of the Holy Ghost, returned from Jordan, and was led by the Spirit into the wilderness,

2 Being forty days tempted of the devil. And in those days he did eat nothing: and

sin: agus air dhoibh bhi air when they were ended he af-  
 an crìochnachadh, an sin dh'- terward hungered.  
 fhàs e ocrach.

3 Agus a dubhairt an dia- 3 And the devil said unto  
 bol ris, Ma's tú Mac Dhé, him, If thou be the Son of God,  
 abair ris a' chloich so bhi 'na command this stone that it be  
 h-aran. made bread.

4 Agus fhreagair Iosa c, 4 And Jesus answered  
 ag rádh, A ta e scrìobhta, him, saying, It is written,  
 nach ann le h-aran a mháin a That man shall not live by  
 thig duine beo, ach le gach bread alone, but by every  
 uile fhocal Dé. word of God.

5 Agus air do'n diabol a 5 And the devil, taking  
 thabhairt gu beinn àrd, nochd him up into an high mountain,  
 e dha uile rìoghachdan an shewed unto him all the king-  
 domhain ann am mionaid aim- doms of the world in a mo-  
 sire. ment of time.

6 Agus a dubhairt an dia- 6 And the devil said unto  
 bol ris, Bheir mise an cum- him, All this power will I  
 hachd so uile dhuit, agus an give thee, and the glory of  
 glòir; oir thugadh dhomhsa them: for that is delivered  
 sin, agus bheir mi e do neach unto me; and to whomsoever  
 air bith is toil leam. I will I give it.

7 Uime sin ma ni thu aor- 7 If thou, therefore, wilt  
 adh dhomhsa, is leat e <sup>t</sup> uile. worship me, all shall be thine.

8 Agus fhreagair Iosa agus 8 And Jesus answered  
 a dubhairt e ris, [Tár air mo and said unto him, Get thee  
 chúlaobh, a Shatain: oir] a behind me, Satan: for it is  
 ta e scrìobhta, Ni thu aoradh written, Thou shalt worship  
 do'n Tighearn do Dhia, agus the Lord thy God, and him  
 dhàsan 'na aonar ni thu seir- only shalt thou serve.  
 bhis.

9 Agus thug se e gu Hier- 9 And he brought him to  
 usalem, agus chuir e air bin- Jerusalem, and set him on a  
 nein an teampuill e, agus a du- pinnacle of the temple, and  
 bhairt e ris, Ma's tú Mac Dhé, said unto him, If thou be the  
 tilg thu fein sìos as so. Son of God, cast thyself  
 down from hence:

10 Oir a tà e scrìobhta, 10 For it is written, He  
 Bheir e àithne d'a àinglibh mu shall give his angels charge  
 d'thimchioll, thusa a choim- over thee, to keep thee;

11 Agus togaidh iad suas thu 'nan laimhaibh, air eagal gu'm buail thu uair air bith do chos air cloich.

12 Agus air freagairt do Iosa, a dubhairt e ris. A dubhradh, Na buair u thusa an Tighearna do Dhia.

13 Agus an uair a chrìoch-nuich an diabhol am buaireadh uile, dh'imich e uaith re tam-uill,

14 Agus phill Iosa ann an cumhachd an Spioraid chum Ghalile; agus chaidh iomradh-san air feadh na dùcha m'an cuairt gu h-ìomian.

15 Agus theagaisg e 'nan sionagogaibh, a' faghail glòir o na h-uile dhaoineibh.

19 Agus thainig e gu Nasaret, far an d'àraicheadh e, agus chaidh e steach, mar bu ghnàth leis, air latha na sàbaid do'n t-sionagog, agus dh' éirich e 'na sheasamh chum lèughaidh.

17 Agus thugadh dha leabhar an fháidh Esaias; agus air fosgladh an leabhair dha, fhuair e 'n t-áit anns an robh e scrìobhta,

18 Tha Spiorad an Tighearna orm, do bhrìgh gu'n d'ung e mi a shearmonachadh an t soisgeil do na bochdaibh; chuir e mi a shlánachadh na muinntir aig am bheil an cridhebriste, a ghairm w fuasglaidh do na braighdibh, agus aiseag

11 And in *their* hands they shall bear thee up, lest at any time thou dash thy foot against a stone.

12 And Jesus, answering, said unto him, It is said, Thou shalt not tempt the Lord thy God.

13 And when the devil had ended all the temptation, he departed from him for a season.

14 And Jesus returned in the power of the Spirit into Galilee: and there went out a fame of him through all the region round about.

15 And he taught in their synagogues, being glorified of all.

16 ¶ And he came to Nazareth, where he had been brought up: and, as his custom was, he went into the synagogue on the sabbath-day, and stood up for to read.

28 An sin a dubhairt Peadar, Feuch, thréig sinn na h-uile nithe, agus lean sinn thusa.

adultery, Do not kill, Do not steal, Do not bear false witness, Honour thy father and thy mother.

21 And he said, All these have I kept from my youth up.

22 Now, when Jesus heard these things, he said unto him, Yet lackest thou one thing; sell all that thou hast, and distribute unto the poor, and thou shalt have treasure in heaven: and come, follow me.

23 And when he heard this, he was very sorrowful; for he was very rich.

24 And when Jesus saw that he was very sorrowful, he said, How hardly shall they that have riches enter into the kingdom of God!

25 For it is casier for a camel to go through a needle's eye, than for a rich man to enter into the kingdom of God.

26 And they that heard *it* said, Who then can be saved?

27 And he said, The things which are impossible with men, are possible with God.

28 Then Peter said, Lo, we have left all, and followed thee.

<sup>m</sup> urram.

<sup>n</sup> cruaidh orra-saib.

29 Agus a dubhairt esan riu, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil aon neach a thréig tigh, no parantan, no bráithrean, no bean phòsda, no clann air son rioghachd Dhé,

30 Nach faigh mòran ní's mò anns an aimsir so ta làthair, agus amns an t-saoghal a ta re teachd a' bheatha mhaircannach.

31 Agus ghabh e 'n dà fhear dheug d'a ionnsuidh, agus a dubhairt e riu, Feuch, a ta sinn a' dol suas gu Hierusalem, agus bithidh na h-uile nithe a ta scrìobhta leis na fàidhibh mu Mhac an duine, air an eoinhlionadh.

32 Oir bheirear thairis e do na Cinnich, agus theid fanoid a dheanamh air, agus masluichear e, agus tilgear smugaid air;

33 Agus sgiùrsaidh agus marbaidh iad e: agus air an treas lá éiridh e rís.

34 Agus cha do thuig iadsan aon ní dhiubh so: agus bha na briathra so folaichte orra, agus cha b'aithne dhoibh na nithe a dubhradh.

35 Agus tharladh, 'nuair a dhruid e re Iericho, gu'n robh dall araidh 'na shuidhe re taobh na slighe, ag iarraidh dèiree.

36 Agus air eluinntinn an t-sluaigh a' dol seachad, dh'fheòraich e ciod e so.

29 And he said unto them, Verily I say unto you, there is no man that hath left house, or parents, or brethren, or wife, or children, for the kingdom of God's sake,

30 Who shall not receive manifold more in this present time, and in the world to come life everlasting.

31 Then he took unto him the twelve, and said unto them, Behold, we go up to Jerusalem, and all things that are written by the prophets concerning the Son of man, shall be accomplished.

32 For he shall be delivered unto the Gentiles, and shall be mocked, and spitefully entreated, and spitted on;

33 And they shall scourge him, and put him to death: and the third day he shall rise again.

34 And they understood none of these things: and this saying was hid from them, neither knew they the things which were spoken,

35 And it came to pass, that as he was come nigh unto Jericho, a certain blind man sat by the way-side begging.

36 And hearing the multitude pass by, he asked what it meant.

37 Agus dh'innis iad da, u'm b'e Iosa o Nasaret a bha abhail seachad.

38 Agus ghlaodh e, ag radh, Iosa, Mhìc Dhàibhidh, lean tràdeair orm.

39 Agus chronaieh iadsan a bha air thoiseach e, ehum's gu'm biodh e 'na thosd: ach bu mhóid gu mòr a ghlaodh esan, A Mhìc Dhàibhidh, dean tràdeair orm.

40 Agus air seasamh do Iosa, dh'aithn e a thoirt d'a ionnuidh: agus an uair a thainig e 'm fagus da, dh'fheoraich e dheth,

41 Ag radh, Ciod is àill leat nise a dheanamh dhuit? agus a dubhairt esan, A Thigh-earn, mi dh'fhaotainn mo radh-airc.

42 Agus a dubhairt Iosa ris, Gabh do radharc: shlàn-uidh do ehreidimh thu.

43 Agus air ball fhuair e a radhare, agus lean se e, a' toirt glòire do Dhia: agus thug an sluagh uile cliu do Dhia, 'nuair a chunnaic iad so.

37 And they told him, that Jesus of Nazareth passeth by.

38 And he cried, saying, Jesus, thou Son of David, have merey on me.

39 And they which went before, rebuked him, that he should hold his peace: but he cried so much the more, Thou Son of David, have mercy on me.

40 And Jesus stood and commanded him to be brought unto him; and when he was come near, he asked him,

41 Saying, What wilt thou that I shall do unto thee? And he said, Lord, that I may receive my sight.

42 And Jesus said unto him, Receive thy sight: thy faith hath saved thee.

43 And immediately he received his sight, and followed him, glorifying God: and all the people, when they saw it, gave praise unto God.

## CAIB. XIX.

AGUS air do Iosa dol a steach, ehaidh e tre Iericho.

2 Agus feuch, bha duine ann d'am b'ainm Saeheus, agus b'ard ehìs-mhaor esan, agus bha e saibhir:

3 Agus bha déidh aige air Iosa fhaicinn eò e, agus cha

## CHAP. XIX.

AND Jesus entered and passed through Jerieho.

2 And behold, there was a man named Zaceheus, which was the chief among the publicans, and he was rich.

3 And he sought to see Jesus who he was, and could

b'urrainn e air son an t-sluaigh not for the press, because he  
chionn gu'n robh íosal na was little of stature.  
phearsa.

4 Agus ruith e roimhe, 4 And he ran before, and  
agus streap e suas ann an climbed up into a sycamore  
craoibh Shicamoir, chum gu tree to see him; for he was to  
faiceadh se e; oir bha e gus pass that way.

5 Agus an uair a thainig 5 And when Jesus came to  
Iosa chum an áite sin, air dha the place he looked up, and  
amharc suas, chunnaic se e, saw him, and said unto him,  
agus a dubhairt e ris, A Sha- Zaccheus, make haste, and  
cheuis, thig a nuasgu grad; oir come down; for to day I  
is éigin domhsa stad an diugh must abide at thy house.

6 Agus thainig e nuas le 6 And he made haste and  
cabhaig, agus ghabh e ris gu came down, and received him  
subhach. joyfully.

7 Agus an uair a chunnaic 7 And when they saw it,  
iad so, rinn iad uile gearan, ag they all murmured, saying,  
radh, Gu'n deachaidh e steach That he was gone to be a  
air aoidheachd gu duine a ta guest with a man that is a  
'na pheacach. sinner.

8 Agus sheas Sacheus, agus 8 And Zaccheus stood,  
a dubhairt e ris an Tighearn, and said unto the Lord, Be-  
Feuch, a Thighearn, a ta mi hold, Lord, the half of my  
toirt leth mo nhaoin do na goods I give to the poor; and  
bochdaibh: agus ma thug mi if I have taken any thing from  
aon ni o neach air bith le ca- any man by false accusation,  
said bhréige o, bheiream dha I restore him four-fold.

9 Agus a dubhairt Iosa ris, 9 And Jesus said unto him,  
Thainig sláint' an diugh a This day is salvation come to  
dh'ionnsuidh an tighe so, do this house, forasmuch as he  
bhrigh gur mac do Abraham also is a son of Abraham.

10 Oir thainig Mac an 10 For the Son of man is  
duine dh'iarraidh agus a thear- come to seek and to save that  
nadh an ni sin a bha cailte. which was lost.



11 Agus ag cluinntinn nan nithe sin dhoibh, chuir e ris, agus labhair e cosamhlachd, do bhrìgh gu'n robh e 'm fagus do Hierusalem, agus gu'n do shaoil iadsan gu'm biodh rioghachd Dhè air a grad-fhoillseachadh.

12 Air an aobhar sin a dubhairt e, Chaidh duin' uasal àraidh do dhùthaich fad as a dh'fhaotainn rioghachd dha fein, agus a philltinn air ais.

13 Agus ghairm e a dheich seirbhisich<sup>9</sup>, agus thug e dhoibh deich puind, agus a dubhairt e riu, Cuiribh gu buil iad, gus an d'thig mise.

14 Ach bhà fuath aig muinntir a dhùcha dha, agus chuir iad teachdaireachd 'na dhéigh, ag radh, Cha'n àill leinn an duine so bhì 'na rìgh oirn.

15 A nis an uair a phill e air ais, an déigh dhia an rioghachd fhaotainn, an sin dh'orduich e na seirbhisich ud bhì air m gairm d'a ionnsuidh, da'n d'thug e 'n t-airgid, chum's gu'm biodh fhios aige ciod a bhuanmaich gach aon diubh leis a bhuileachadh.

16 An sin thainig an ceud fhear, ag radh, A Thighearn bhuidhinn do phund deich puind.

17 Agus a dubhairt e ris, Is maith, a dheadh sheirbhis-

11 And as they heard these things, he added, and spake a parable, because he was nigh to Jerusalem, and because they thought that the kingdom of God should immediately appear.

12 He said, therefore, A certain nobleman went into a far country, to receive for himself a kingdom, and to return.

13 And he called his ten servants, and delivered them ten pounds, and said unto them, Occupy till I come.

14 But his citizens hated him, and sent a message after him, saying, We will not have this man to reign over us.

15 And it came to pass, that when he was returned, having received the kingdom, then he commanded these servants to be called unto him to whom he had given the money, that he might know how much every man had gained by trading.

16 Then came the first, saying, Lord, thy pound hath gained ten pounds.

17 And he said unto him, Well, thou good servant: be-

<sup>9</sup> deichnear d'a sheirbhisich.

ich: do bhrìgh gu'n robh thusa fìrinneach ann an robhèagan, biodh agadsa uachdaranachd air deich bailtibh.

18 Agus thainig an dara fear, ag radh, A Thighearn, rinn do phund cúig puind.

19 Agus a dubhairt e ris-ean, Bi-sa mar an ceudna os cionn chùig bailte.

20 Agus thainig fear eile, ag radh, a Thighearn, fench, do phund, a bha agamsa taisgte ann an neapaicin †:

21 Oir bha eagal orm romhad, do bhrìgh gur duine geur-theann thu: tna thu a' togail an ni nach do leag thu, agus a' buain an ni nach do chuir thu.

22 Agus a dubhairt e ris, As do bheul fein bheiream breth ort, a dhroch sheirbhisich. Bha fhios agad gu 'in bu duine geur-theann mi, a' togail an ni nach do leag mi, agus a' buain an ni nach do chuir mi:

23 Air an aobhar sin e'ar son nach do chuir thu m' airgiod do'n bhanc <sup>s</sup>, agus air teachd dhomhsa thogainn e le riadh?

24 Agus a dubhairt e riu-san a bha 'nan seasamh a là-thair, Thugaibh uaith an pund, agus thoiribh dhasan e aig an bheil na deich puind.

25 (Agus a dubhairt iad ris, A Thighearn, tha deich puind aige.)

cause thou hast been faithful in a very little, have thou authority over ten cities.

18 And the second came saying, Lord, thy pound hath gained five pounds.

19 And he said likewise to him, Be thou also over five cities.

20 And another came, saying, Lord, behold, *here is thy pound*, which I have kept laid up in a napkin:

21 For I feared thee, because thou art an austere man: thou takest up that thou layedst not down, and reapest that thou didst not sow.

22 And he saith unto him, Out of thine own mouth will I judge thee, *thou wicked servant*. Thou knewest that I was an austere man, taking up that I laid not down, and reaping that I did not sow:

23 Wherefore then gavest not thou my money into the bank, that at my coming I might have required mine own with usury?

24 And he said unto them that stood by, Take from him the pound, and give it unto him that hath ten pounds.

25 (And they said unto him, Lord, he hath ten pounds.)

† bréid, lamb-anart. <sup>s</sup> nach d'thug thu m'airgiod do'n luchdmalairt.

26 Oir a deirim ribh, Gu'n  
thoirear do gach neach aig  
m bheil: ach uaithsan aig  
ach 'eil, bheirear eadhon an  
i sin a ta aige.

27 Ach thugaibh an so na  
aimhdean ud aganisa, leis  
ach b'àill nise bli 'm righ  
s an ceann, agus marbhaibh  
'm' fhianuis iad.

28 Agus air dha so a radh  
h'imich e rompa, a' dol suas  
u Hierusalem.

29 A nis an uair a dhruid  
re Betphage agus Betani,  
aimh ris an t-sliabh d'an goir-  
ar *sliabh* nan crann-ola,  
huir e dithis d'a dheisciob-  
aibh uaith,

30 Ag radh, Imichibh do'n  
shaile ta fa'r conhair; anns  
m faigh sibh, air dol dhuibh  
steach, searrach ceangailte,  
air nach do shuidh aon duine  
iamh: fuasglaidh, agus thug-  
aibh an so e.

31 Agus ma dh'fhedraich-  
eas neach air bith dhibh, C'ar  
son a ta sibh 'g a fhuasgladh?  
mar so their sibh ris, A ta  
cum aig an Tighearn air.

32 Agus air imeachd dhoibh-  
san a chuireadh air falbh,  
fhuair iad mar a dubhairt e  
riu.

33 Agus an uair a bha iad  
a' fuasgladh an t-searraich, a  
dubhairt a shealbhadairean riu

26 For I say unto you,  
That unto every one which  
hath shall be given; and from  
him that hath not, even that he  
hath shall be taken away from  
him.

27 But those mine enemies  
which would not that I should  
reign over them, bring hither,  
and slay *them* before me.

28 And when he had thus  
spoken, he went before, as-  
cending up to Jerusalem.

29 And it came to pass,  
when he was come nigh to  
Bethphage and Bethany, at  
the mount called *the mount* of  
Olives, he sent two of his dis-  
ciples,

30 Saying, Go ye into the  
village over against *you*; in  
the which, at your entering, ye  
shall find a colt tied, whereon  
yet never man sat: loose him,  
and bring *him hither*.

31 And if any man ask you,  
Why do ye loose *him*? thus  
shall ye say unto him, Because  
the Lord hath need of him.

32 And they that were  
sent went their way, and  
found even as he had said un-  
to them.

33 And, as they were loos-  
ing the colt, the owners there-

C'ar son a ta sibh a' fuasgladh of said unto them, Why loose  
an t-searraich? ye the eolt?

34 Agus a dubhairt iadsan, 34 And they said, The  
Tha feum aig an Tighearn Lord hath need of him.  
air.

35 Agus thug iad gu h-Iosa 35 And they brought him  
e: agus thilg iad am falluing- to Jesus: and they east their  
ean air an t-searrach, agus garments upon the eolt, and  
chuir iad Iosa air. they set Jesus thereon.

36 Agus ag ineachd dha- 36 And, as he went, they  
san, sgaoil iad am falluingean spread their clothes in the  
fuidhe air an t-slighe. way.

37 Agus an uair a thainig 37 And when he was come  
e 'm fagus, eadhon gu dol nigh, even now at the descent  
sìos sléibh nan crann-ola, of the mount of Olives, the  
thòisich mór ehuideachd nan whole multitude of the dis-  
deiseiobul uile re gáirdeachas ciples began to rejoice and  
a dheanadh, agus moladh a praise God with a loud voice  
thoirt do Dhia le guth árd, for all the mighty works that  
air son nan uile oibre cumh- they had seen;

38 Ag radh, Gu ma bean- 38 Saying, Blessed *be* the  
nuicht' an rìgh a ta teachd an King that cometh in the name  
ainm an Tighearna: sìth air of the Lord; peace in heaven,  
néanli, agus glóir anns na and glory in the highest.

39 Agus a dubhairt euid 39 And some of the Pha-  
do na Phairisich o mheasg an risees from among the multi-  
t-sluagh ris, A mhaighstir, tude said unto him, Master,  
cronaich do dheiseiobuil. rebuke thy disciples.

40 Agus fhreagair esan, 40 And he answered and  
agus a dubhairt e riu, A dei- said unto them, I tell you, that  
rim ribh, nam fanadh iad sin if these should hold their peace  
'nan tosd, gu'n glaothadh na the stones would immediately  
claeha fein. cry out.

41 Agus an uair a thainig 41 And when he was come  
e 'm fagus, ehunnaic e 'm baile, near, he beheld the city and  
agus ghuil e air a shon, wept over it,

42 Ag radh, O gu'm b'aith- 42 Saying, if thou hadst  
ne dhuit <sup>u</sup>, eadhon dhuitse, air known, even thou, at least in

bheag sam bith ann ad latha so fein na nithe a bhuineas do d'shìth! aeh a nis a ta iad folaichte o d'shúilibh.

43 Oir thig na laithean ort anns an tilg do naimhde dìg mu d' thimcioll, agus an iadh iad umad m'an euairt, agus an druid iad a stigh air gach taobh thu,

44 Agus an leag iad eo ìosal ris an làr thu, agus do ehlann annad, agus nach fág iad annad clach air muin cloiche; do brighnaeh b'aithne dhuit aimsir t'fhiosrachaidh.

45 Agus chaidh e steach do'n teampull agus thòisich e air an dream a bha reieadh agus a' ceannaeh ann a thilgeadh maeh,

46 Ag radh riu, Tha e seriobbta, Is tigh ùrnuigh mo thighsa; aeh rinn sibhse 'na gharaidh luehd-reubainn e.

47 Agus bhia e gach lá a' teagasg san teampull. Ach dh'iarr na h-ard shagairt agus na scriobhuichean, agus ceannardan a' phobuill esan a nihilleadh;

48 Gidheadh eha robh fhios aca eiod a dheanadh iad: oir bha 'm pobull uile ag éisd-eaehd ris le ro-aire.

this thy day, the things *which* belong unto thy peace! but now they are hid from thine eyes.

43 For the days shall come upon thee, that thine enemies shall cast a trench about thee and compass thee round, and keep thee in on every side,

44 And shall lay thee even with the ground, and thy children within thee; and they shall not leave in thee one stone upon another; because thou knewest not the time of thy visitation.

45 And he went into the temple, and began to east out them that sold therein, and them that bought;

46 Saying unto them, It is written, My house is the house of prayer: but ye have made it a den of thieves.

47 And he taught daily in the temple. But the chief priests, and the scribes, and the chief of the people sought to destroy him;

48 And could not find what they might do: for all the people were very attentive to hear him.

## CAIB. XX.

**A**GUS tharladh air aon do na laithibh sin, an uair a

## CHAP XX.

**A**ND it came to pass, *that* on one of those days, as

bha e teagasg a' phobuill san teampull, agus a' searmonaeadh an t-soisgeil, gu'n d' thainig na h-ard shagairt agus na scriobhuichean air, maille ris na seanairibh.

2 Agus labhair iad ris, ag radh, Innis duinn eiod e an t-ùghdarras leis an bheil thu a' deanamh nan nithe so? no cò esan a thug an t-ùghdarras so dhuit?

3 Agus fhreagair esan agus a dubhairt e riu, Feóraichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse; agus freagraibh mi:

4 Baisteadh Eoin, an ann o nèamh abha e, no o dhaoinibh?

5 Agus reusonaich iad eatorra fein, ag radh, Ma deir sinn, O nèamh, their esan, C'ar son ma ta nach do chreid sibh e?

6 Ach ma deir sinn, O dhaoinibh, elachuidh an sluagh uile sinn; oir is deimhin leo gu'm b'fhàidh Eoin.

7 Agus fhreagair iadsan, Nach robh fhios aea cia uaith a bha e.

8 Agus a dubhairt Iosa riu, Ni mō a dh'inneas mise dhuibhse eiod e an t-ughdarras tre 'n deanam na nithe so.

9 An sin thòisich e air a' chosamhlachd so a labhairt ris an t-sluagh: Phlaimduich daime àraidh fion-lios, agus shuidhich e air tuath e; agus chaidh e air choigreach rè aimsir fhada.

he taught the people in the temple, and preached the gospel, the chief priests and the scribes came upon *him*, with the elders,

2 And spake unto him, saying, Tell us, by what authority doest thou these things? or who is he that gave thee this authority?

3 And he answered and said unto them, I will also ask you one thing; and answer me:

4 The baptism of John, was it from heaven or of men?

5 And they reasoned with themselves, saying, If we shall say, From heaven; he will say, Why then believed ye him not?

6 But and if we say, Of men; all the people will stone us: for they be persuaded that John was a prophet.

7 And they answered, that they could not tell whence it was.

8 And Jesus said unto them, Neither tell I you by what authority I do these things.

9 Then began he to speak to the people this parable; A certain man planted a vineyard, and let it forth to husbandmen, and went into a far country for a long time.

10 Agus anns an ám dhligh-  
ach chuir e seirbhiseach  
dh'ionnsuidh na tuathia, chum  
gu'n d'thugadh iad da do  
horadh an fhìon-lios: ach  
ghabh an tuath air, agus chuir  
iad uatha falamh e.

11 Agus a ris chuir e seir-  
bhiseach eile uaith; agus  
ghabh iad airtan mar an ceud-  
na, agus mhaslaich iad e, agus  
chuir iad uatha falamh e.

12 Agus a thuilleadh air  
sin chuir e 'n treas seirbhis-  
each uaith; agus lot iad esan  
mar an ceudna, agus thilg iad  
a mach e.

13 An sin a dubhairt Tigh-  
earn an fhìon-lios, Ciod a ni  
mi? cuiridh mi mo Mhac  
gràdhach d'an ionnsuidh:  
feudaidh e bi, air fhaicinn  
doibh, gu'n d'thoir iad urram  
dha.

14 Ach an uair a chunnaic  
an tuath e, reusonaich iad  
catorra fein, ag radh, Is e so  
an t-óighre: thigibh, marbh-  
amaid e, chum's gu'm bi 'n  
dìghreachd againn fein.

15 Agus thilg iad a mach  
as an fhìon-lios e agus mharbh  
iad e. Ciod uime sin a ni  
Tighearn an fhìon-lios riu?

16 Thig e agus sgriosaidh  
e an tuath ud, agus bheir e 'm  
fìon-lios do dhaoinibh eile.  
Agus an uair a chual iad so,  
a dubhairt iad, Nar leigeadh  
Dia.

10 And at the season he  
sent a servant to the husband-  
men, that they should give  
him of the fruit of the vine-  
yard: but the husbandmen  
beat him, and sent *him* away  
empty.

11 And again he sent an-  
other servant; and they beat  
him also, and entreated *him*  
shamefully, and sent *him* away  
empty.

12 And again he sent a  
third: and they wounded him  
also, and cast *him* out.

13 Then said the lord of  
the vineyard, What shall I do?  
I will send my beloved son:  
it may be they will reverence  
*him* when they see him.

14 But when the husband-  
men saw him, they reasoned  
among themselves, saying,  
'This is the heir; come, let  
us kill him, that the inheritance  
may be ours.

15 So they cast him out of  
the vineyard, and killed *him*.  
What, therefore shall the lord  
of the vineyard do unto them?

16 He shall come and de-  
stroy these husbandmen, and  
shall give the vineyard to o-  
thers. And when they heard  
*it* they said, God forbid.

17 Agus air dhasan amh-  
are orra, a dubhairt e, Ciod  
e so ma seadh a ta scrìobhta,  
A' ehlach a dhiultna clachair-  
ean, rinneadh ceann na h-ois-  
inn dith?

18 Ge b'e neach a thuiteas  
air a' eiloch sin, briscar e :  
ach ge b'e neach air an tuit i,  
pronnaidh i gu luathreadh e.

19 Agus anns an uair sin  
fein dh'iarr na h-ard shagairt  
agus na scrìobhuichean lámh  
a chur ann ; ach bha eagal an  
t-sluaigh orra ; oir thuig iad  
gu'n b'ann 'nan aghaidh fein  
a labhair e'n eosanhlachd so.

20 Agus rinn iad gear-  
fhaire air, agus chuir iad a  
mach luchd feill, a leigeadh  
orra fein a bhi 'nam fireanaibh,  
chum's gu'n deanadh iad greim  
air fhoclaibh, air chor's gu'n  
d'thugadh iad thairis e do  
chumhaehd agus do úghdar-  
ras an uachdarain.

21 Agus dh'fheóraich iad  
deth, ag radh, a mhaighstir,  
tha fhios againn gu bheil thu  
a labhairt agus a' teagasg gu  
ceart, agus nach 'eil suim agad  
do phearsa *duine sam bith*, ach  
gu bheil thu teagasg slighe  
Dhè a réir na firinn.

22 Am bheil e ceadnichte  
dhuinn eìs a thoirt do Cheasar,  
no nach 'eil?

23 Ach thuig esan an cuil-  
bheartachd, agus a dubhairt  
e riu, C'ar son a ta sibh ga  
n' bhuaireadh?

17 And he beheld them  
and said, What is this ther  
that is written, The stone  
which the builders rejected,  
the same is become the head  
of the corner?

18 Whosoever shall fall  
upon that stone shall be brok-  
en; but on whomsoever it shall  
fall, it will grind him to powder.

19 And the chief priests  
and the scribes the same hour  
sought to lay hands on him;  
and they feared the people:  
for they perceived that he had  
spoken this parable against  
them.

20 And they watched *him*,  
and sent forth spies, which  
should feign themselves just  
men, that they might take  
hold of his words, that so  
they might deliver him unto  
the power and authority of the  
governor.

21 And they asked him,  
saying, Master, we know  
that thou sayest and teachest  
rightly, neither acceptest thou  
the person of *any*, but teach-  
est the way of God truly :

22 Is it lawful for us to  
give tribute unto Cesar, or no?

23 But he perceived their  
craftiness, and said unto them,  
Why tempt ye me?



24 Nochdaibh dhomh peghinn: cia leis an dealbh agus an scríobhadh a ta oirre? Fhreagair iadsan agus a dubhairt iad, Le Ceasar.

25 Agus a dubhairt esan riu, Thugaibhse air an aobhar sin do Cheasar na nithe 's le Ceasar, agus do Dhia na nithe 's le Dia.

26 Agus cha b'urrainn iad greim a dheanamh air fheclaibh am fianuis an t-sluaigh: agus ghabh iad iongantas r'a fhreagradh, agus dh'fhan iad 'nan tosd.

27 An sin thainig d'a ionnsuidh dream áraidh do na Saddusaich (a ta 'g' áicheadh gu bheil aiseirigh ann) agus dh'fheóraich iad deth,

28 Agradh, A mhaighstir, scríobh Maois dhuinn, Nam faigheadh bráthair duin' air bith bás, agus bean-phòsda aige, agus gu'm faigheadh e bás gun chlann, gu'n gabhadh a bhráthair a bhean, agus gu'n togadh e suas sliochd d'a bhráthair.

29 Air an aobhar sin, bha seachdnar bhráithrean ann: agus ghabh an ceud fhear bean, agus fhuair e bàs gun chlann.

30 Agus ghabh an dara fear i mar mhnaoi, agus fhuair esan bás gun chlann.

31 Agus ghabh an treas fear i; agus mar an ceudna an t seachdnar; Agus cha d'fhág iad clann, agus fhuair iad bás.

24 Shew me a penny. Whose image and superscription hath it? They answered and said, Cesar's.

25 And he said unto them, render, therefore, unto Cesar the things which be Cesar's, and unto God the things which be God's.

26 And they could not take hold of his words before the people; and they marvelled at his answer, and held their peace.

27 Then came to <sup>him</sup> certain of the Sadducees, which deny that there is any resurrection, and they asked him,

28 Saying, Master, Moses wrote unto us, If any man's brother die, having a wife, and he die without children, that his brother should take his wife, and raise up seed unto his brother.

29 There were, therefore, seven brethren: and the first took a wife, and died without children.

30 And the second took her to wife, and he died childless.

31 And the third took her; and in like manner the seven also: and they left no children, and died.

32 Fa dheireadh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

33 Anns an aiseirigh uime sin, eò dhiubh d'am bean i? oir bha aig an t-seachdnar 'na mnaoi.

34 Agus fhreagair Iosa, agus a dubhairt e riu, Thu clann an t-saoghail so a' pòsadh, agus air an tabhairt am pòsadh.

35 Ach an droing sin a mheasar gur airidh iad air an t-saoghal ud fhaghail, agus an aiseirigh a na marbhaibh, cha 'n eil iad a pòsadh, no air an tabhairt am pòsadh.

36 Agus cha'n urrainn iad bàs fhaghail ni's mó; oir tha iad an eòimh-inbhe ris na h-anglaibh, agus is iad elann Dé iad, air bhi dhoibh 'nan eoinn do 'n aiseirigh.

37 Ach gu'n èirich na mairbh, nochd Maois fein aig a' phreas, an uair a ta e gairm do'n Tighearn, Dia Abrahaim, agus Dia Isaiaie, agus Dia Iacoib.

38 A nis cha'n e Dia nam marbh e, ach nam beo: oir a ta iad uile beo dhàsan.

39 An sin fhreagair dream áraidh do na seriobh-uichibh, agus a dubhairt iad, A mhaighstir, is maith a labhair thu.

40 Agus' cha robh chridh' aea tuilleadh ni sambith fheòraich dheth.

32 Last of all the woman died also.

33 Therefore in the resurrection whose wife of them is she? for seven had her to wife.

34 And Jesus, answering, said unto them, The children of this world marry, and are given in marriage:

35 But they which shall be accounted worthy to obtain that world, and the resurrection from the dead, neither marry, nor are given in marriage:

36 Neither can they die any more: for they are equal unto the angels; and are the children of God, being the children of the resurrection.

37 Now that the dead are raised, even Moses shewed at the bush, when he called the Lord the God of Abraham, and the God of Isaac, and the God of Jacob.

38 For he is not a God of the dead, but of the living: for all live unto him.

39 Then certain of the scribes, answering, said, Master, thou hast well said.

40 And after that they durst not ask him any *question at all*.

41 Agus a dubhairt e riu,  
Cionnus a deir iad gur e  
Criosd mae Dhaibhidh?

42 Agus a deir Daibhidh  
fein ann an leabhar nan salm,  
A dubhairt an Tighearn, re  
m' Thighearn, Suidh air mo  
laimh dheis,

43 Gus an cuir ini do  
nainmhdc 'nan stòl fuidh d'  
ehosaibh.

44 Tha Daibhidh air an  
aobhar sin a' gairn a Thigh-  
earna dheth, eionnus ma seadh  
is e a mhae e?

45 An sin a dubhairt e r'a  
dheiseioblubh, ann an èisd-  
eachd an t-sluaigh uile,

46 Thugaibh an aire dhuibh  
fein o na serìobhuiehibh, leis  
am miann imeachd ann an  
eulaidhibh fada, agus leis an  
ionmhuinn fàilte *phaotainn* air  
na margaidh, agus na eath-  
richean a's airde anns na sion-  
agogaibh, agus na ceud àit-  
eacha-suidhe aig féisdibh;

47 A shluigeas suas tighean  
bhantraeh, agus air sgáth  
deadh ehoslais a ni ùrnuighean  
fada: gheibh iad sin an dìteadh  
a's mó.

## CAIB. XXI.

**A**GUS air dha amhare suas,  
chunnaic e na daoine saibhre  
a' tilgeadh an tiodhlacan ann  
an àite coimhead an ionmhais.

2 Agus chunnaic e mar an  
ceudna bantraeh bhoehd  
àraidh a' tilgeadh dà leth-  
fheoirling an sin.

41 And he said unto them,  
How say they that Christ is  
David's son?

42 And David himself saith  
in the book of Psalms, The  
LORD said unto my Lord, Sit  
thou on my right hand,

43 Till I make thine ene-  
mies thy footstool.

44 David, therefore, calleth  
him Lord; how is he then his  
son?

45 Then, in the audience  
of all the people, he said unto  
his disciples,

46 Beware of the scribes,  
which desire to walk in long  
robes, and love greetings in  
the markets, and the highest  
seats in the synagogues, and  
the chief rooms at feasts;

47 Which devour widows'  
houses, and for a shew make  
long prayers: the same shall  
receive greater damnation.

## CHAP. XXI.

**A**ND he looked up, and saw  
the rich men casting their  
gifts into the treasury.

2 And he saw also a certain  
poor widow casting in thither  
two mites.

3 Agus a dubhairt e, Gu fírinneach a deirim ribh gu'n do chuir a' bhantrach bhochd so ni's mō ann na iad uile.

4 Oir thilg iad so uile d'am pailteas a steach do thiodhlacaibh Duè: ach thilg ise d'a h-uireasbhuidh fein am beath-achadh uile a bha aice.

5 Agus air do chuid diubh bli labhairt mu'n teampull, mar a bha e air a dheanamh maiseach le clachaibh sgiamh-ach, agus le tiodhlacaibh, a dubhairt e,

6 *A thaobh* nan nithe so a chi sibh, thig na laithean, anns nach fàgar clach air muin cloiche *dhiubh*, nach tilgear síos.

7 Agus dh'fheōraich iadsan deth, ag radh, A mhaighstir, e'uin ma ta bhitheas na nithe so? agus eòd e an comhara 'nuair a bhios na nithe so gu teachd gu crìeh?

8 Agus a dubhairt esan, Feuchaibh nach meallar sibh: oir thig mōran ann am ainmìe, ag radh, Is mise *Criosd*; agus a ta 'n t-àm am fagus: uinne sin na leanaibh iad.

9 Ach an uair a chluinneas sibh mu ehogannaibh, agus mu cheannaircibh <sup>w</sup>, na biodh mōr gheilt oirbh: oir is éigin do na nithibh so tachairt air tùs, ach cha 'n'eil a' chrìoch air ball.

3 And he said, Of a truth I say unto you, that this poor widow hath cast in more than they all.

4 For all these have of their abundance cast in unto the offerings of God: but she of her penury hath cast in all the living that she had.

5 And as some spake of the temple, how it was adorned with goodly stones and gifts, he said,

6 *As for* these things which ye behold, the days will come in the which there shall not be left one stone upon another that shall not be thrown down.

7 And they asked him, saying, Master, but when shall these things be? and what sign *will there be* when these things shall come to pass?

8 And he said, Take heed that ye be not deceived: for many shall come in my name, saying, I am *Christ*; and the time draweth near: go ye not therefore after them.

9 But when ye shall hear of wars and commotions, be not terrified: for these things must first come to pass, but the end is not by and by.

<sup>w</sup> bhuaireas, eirigh-mach.

10 An sin a dubhairt e riu, Eiridh cinneach an aghaidh cinnich, agus rioghachd an aghaidh rioghachd:

11 Agus bithidh criothanna mòra talmhainn ann an iomadh àit, agus gortaidh, agus pláighean, agus nithe uamhasach, agus comharan mòra o nèamh:

12 Ach rompa so uile cuiridh iad lámh annaibhse, agus geur-leanaidh iad sibh, 'gar tabhairt thairis do choimhthionalaibh<sup>x</sup>, agus do phrìosunaibh, 'gar tabhairt chum rìghrean agus uachdarana air sgáth m'ainmese.

13 Agus tachraidh so dhuibhse mar fhianuis.

14 Air an aobhar sin daingnichibh ann bhur crìdhìbh, gun smuaineachadh roimh laimh, cìod a fhreagras sibh air bhur sen fein:

15 Oir bheir mise dhuibh beul agus gliocas, nach bi bhur naimhdean uile comasach air labhairt no cur 'na aghaidh.

16 Agus brathar sibh le'r pàrantaibh agus le'r bràthribh, agus le'r luchd dàimhe, agus le'r cairdibh; agus bheir iad faincar cuid dhìbh a chur gu bás.

17 Agus bithidh fuath aig na h-uile dhaoineibh dhuibh air son m'ainmese.

10 Then said he unto them Nation shall rise against nation, and kingdom against kingdom:

11 And great earthquakes shall be in divers places, and famines, and pestilences: and fearful sights and great signs shall there be from heaven.

12 But before all these they shall lay their hands on you, and persecute you, delivering you up to the synagogues, and into prisons, being brought before kings and rulers for my name's sake.

13 And it shall turn to you for a testimony.

14 Settle it, therefore, in your hearts, not to meditate before what ye shall answer:

15 For I will give you a mouth and wisdom, which all your adversaries shall not be able to gainsay nor resist.

16 And ye shall be betrayed both by parents, and brethren, and kinsfolks, and friends; and some of you shall they cause to be put to death.

17 And ye shall be hated of all men for my name's sake.

<sup>x</sup> shionagogaibh.

18 Ach cha chaillear fuil-  
tein ⁊ do gliruaig bhur cinn.

19 Ann bhur foighidin  
scalbhaichibh bhur n-anama  
fein.

20 Agus an uair a chi sibh  
Ierusalem air a cuairteachadh  
le armaitibh, an sin biodh  
fhios agaibh gu bheil a fása-  
chadh am fagus.

21 (An sin teicheadh iad-  
san a ta ann Iudea chum nam  
beann) agus imicheadh iadsan  
a ta 'na meadhonsa mach ais-  
de; agus na rachadh iadsan a  
ta sa' mhaichair, a steach innte.

22 Oir is iad sin laithean  
an dìoghaltais, chum gu'n  
coimhlonar na h-uile nithe a  
ta scrìobhta.

23 Ach mo thruaigh na  
mnái a bhios torrach, agus  
iadsan a bhios a' toirt eìche  
anns na lùthibh sin; air bith-  
idh tearntachd <sup>z</sup> mhór san  
dùthaich, agus fearg air a'  
phobull so.

24 Agus tuitidh iad le  
faobhar a' chlaidheimh, agus  
bheirear iad am braighdeanas  
chum nan uile chinneach;  
agus bithidh Ierusalem air a  
saltairt síos fuidh na Cinnich,  
agus an coimhlonar aimsire  
nan Cinneach.

25 Agus bithidh comharan  
anns a' ghréin, agus anns a'  
ghealaich, agus anns na reul-  
taibh; agus air an talamh airc

18 But there shall not an  
hair of your head perish.

19 In your patience possess  
ye your souls.

20 And when ye shall see  
Jerusalem compassed with  
armies, then know that the  
desolation thereof is nigh.

21 Then let them which  
are in Judea flee to the moun-  
tains; and let them which are  
in the midst of it depart out;  
and let not them which are in  
the countries enter thereinto.

22 For these be the days  
of vengeance, that all things  
which are written may be ful-  
filled.

23 But woe unto them that  
are with child, and to them  
that give suck, in those days!  
for there shall be great dis-  
tress in the land, and wrath  
upon this people.

24 And they shall fall by  
the edge of the sword, and  
shall be led away captive into  
all nations: and Jerusalem  
shall be trodden down of the  
Gentiles, until the times of  
the Gentiles be fulfilled.

25 And there shall be signs  
in the sun, and in the moon,  
and in the stars; and upon  
the earth distress of nations,

⁊ róinneag,

<sup>z</sup> cruaidh-chás.

nan cinneach, ann an ioma-chomhairle, an cuan agus na tonnan a' beuchdaich;

26 Crìdhe dhaoine 'gan trèigsinn trìd cagal, agus feitheamh nan nithe sin a ta teachd air an domhan: oir bithidh cumhachda nan neámh air an crathadh.

27 Agus an sin chi iad Mac an duine a' teachd ann an neul, le cumhachd agus mòr ghlòir.

28 Agus an uair a thóisicheas na nithe so air tachairt, an sin amhaircibh suas, agus togaibh bhur cinn; oir a ta bhur saorsa am fagus.

29 Agus labhair e cosamhlachd riu, Amhaircibh air a' chraoibh-flhige, agus na craobhan uile;

30 'Nuair a bhios iad a cheana a' cur a mach an duillich, air fhaicinn duibh, aithnichidh sibh uaibh fein, gu bheil an sàmhradh a nis am fagus.

31 Agus mar an ceudna sibhse, 'nuair a chi sibh na nithe so a' tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil rìoghachd Dhè fagus do laimh.

32 Gu deimhin a deirim ribh, nach d'theid ann linn a so thairis, gus an coimhlionar na nithe so uile.

33 Theid néamh agus talamh thairis; ach cà d'theid

with perplexity; the sea and the waves roaring;

26 Men's hearts failing them for fear, and for looking after those things which are coming on the earth; for the powers of heaven shall be shaken.

27 And then shall they see the Son of Man coming in a cloud with power and great glory.

28 And when these things begin to come to pass, then look up, and lift up your heads; for your redemption draweth nigh.

29 And he spake to them a parable; Behold the fig-tree, and all the trees;

30 When they now shoot forth, ye see and know of your own selves that summer is now nigh at hand.

31 So likewise ye, when ye see these things come to pass, know ye that the kingdom of God is nigh at hand.

32 Verily I say unto you, This generation shall not pass away till all be fulfilled.

33 Heaven and earth shall pass away; but my words

mo bhriathrasa thairis a shall not pass away.  
choidheh.

34 Agus thugaibh an aire dhuibh fein, air eagal uair air bith gu'm bi bhur eridhe fuidh uallaich le geócaireachd <sup>b</sup>, agus le misg <sup>c</sup>, agus le ro-chùram mu nithibh na beatha so, agus gu'n d'thig an là sin oirbh gu h-obann.

35 Oir ma' rìbe thig e air na h-uile dhaoinibh, a ta 'g áiteachadh aghaidh na talmhainn uile.

36 Deanaibhse air an aobhar sin faire, a' deanamh úrnuigh gach àm, ehum's 'gu measar gur airidh sibh air dol as o na nithibh sin uile a ta gu teachd, agus seasamh an làthair Mhic an duine.

37 Agus bha e san là a' teagasg san teampull, agus san oidheche chaidh e mach, agus dh'fhan e air an t-sliabh, d'an goirear *sliabh* nan crann-ola.

38 Agus thainig an sluagh uile gu moch d'a ionnsuidh san teampull, a dh'èisdeachd ris.

34 And take heed to yourselves, lest at any time your hearts be overcharged with surfeiting, and drunkenness, and cares of this life, and so that day come upon you unawares.

35 For as a snare shall it come on all them that dwell on the face of the whole earth.

36 Watch ye, therefore, and pray always, that ye may be accounted worthy to escape all these things that shall come to pass, and to stand before the Son of man.

37 And in the day-time he was teaching in the temple; and at night he went out, and abode in the mount that was called *the mount of Olives*.

38 And all the people came early in the morning to him in the temple for to hear him.

### CAIB. XXII.

**A**NIS dhruid *riu* féisd <sup>d</sup> an arain neo-ghoirtichte, d'an goirear <sup>e</sup> a' cháisg.

2 Agus bha na h-ard shagairt <sup>f</sup> agus na scrìobhuichean ag iarraidh cionnus a dh'fhead-

### CHAP. XXII.

**N**OW the feast of unleavened bread drew nigh, which is called the *Passover*.

2 And the chief priests and scribes sought how they

<sup>b</sup> craos.

<sup>c</sup> meisg.

<sup>d</sup> féill.

<sup>e</sup> gairmear.

<sup>f</sup> príomh shagairt.



adhl iad esan a chur gu bàs; oir bha eagal an t-sluaigh orra.

3 An sin chaidh Satan ann an Iudas d'an comb-ainm Iseariot, a bha do àireamh an dà fhìr dheug.

4 Agus dh'iniich e, agus labhair e ris na h-ard shagartaibh agus re ceannardaibh an teampuill, cionnus a bhrathadh se esan doibh.

5 Agus bha iad subhach, agus rinn iad coimhcheangal airgiod a thabhairt da.

6 Agus gheall esan, agus dh'iarr e àm iomchuidh air a bhrath dhoibh gun an sluagh a bhi làthair.

7 An sin thainig lá an arain neoghoirtichte, anns am b'èigin an t-uain cáisge a mharbhadh.

8 Agus ehuir e uaitli Peadar agus Eoin, ag radh, Imichibh, agus ulluichibh dhuinn a' chàisg, chum gu'n ith sinn i.

9 Agus a' dubhairt iadsan ris, C'ait an àill leat sinn a dh'ulluchadh?

10 Agus a' dubhairt e riu, Feuch, air dhuibh dol a steach do'n bhaile, taehraidh oirbh duine, a' giùlan soithich uisge; leanaibh e do'n tigh anns an d'theid e steach.

11 Agus abruibh re fear an tìghe, A deir am maighstir riu, C'ait am bheil an seomar

might kill him; for they feared the people.

3 Then entered Satan into Judas, surnamed Iseariot, being of the number of the twelve.

4 And he went his way, and communed with the chief priests and captains, how he might betray him unto them.

5 And they were glad, and covenanted to give him money.

6 And he promised, and sought opportunity to betray him unto them in the absence of the multitude.

7 Then came the day of unleavened bread, when the passover must be killed.

8 And he sent Peter and John, saying, Go and prepare us the passover, that we may eat.

9 And they said unto him, Where wilt thou that we prepare?

10 And he said unto them, Behold, when ye are entered into the city, there shall a man meet you, bearing a pitcher of water; follow him into the house where he entereth in.

11 And ye shall say unto the good-man of the house, The Master saith unto thee,

aidheachd anns an ith mi a' chàisg maille re m' dheisciobluibh?

12 Agus feuchaidh e dhuibh ard sheomar farsaing uidh-michte: ulluichibh an sin.

13 Agus dh'imich iad agus fhuairead mar a dubhairt e rin: agus dh'ulluich iad a' chàisg.

14 Agus an tràth thainig an uair, shuidh e sìos, agus an dá abstol deug maille ris.

15 Agus a dubhairt e riu, Le mòr thogradh mhiannaich mi a' chàisg so itheadh maille ribh roimh dhonh fulang:

16 Oir a deirim ribh, nach ith mi dhith tuilleadh, gus an coimhlionar i ann an rioghachd Dhé.

17 Agus ghlac e cupan, agus air dha buidheachas a thabhairt, a dubhairt e, Gabhaibh so, agus roinnibh eadruibh fein e.

18 Oir a deirim ribh, nach ól mi do thoradh na fionain, gus an d'thig rioghachd Dhè.

19 Agus ghlac e aran, agus an déigh buidheachas a thabhairt, bhris e, agus thug e dhoibhsan e, ag radh, 'Se so mo chorp sa a ta air a thoirt air bhur sonsa: deanuibh so mar chuimhneachan ormsa.

20 Agus mar an ceudna an cupan, an déigh na suipeir, ag radh, Is e 'n cupan so an tiomnadh nuadh ann an

Where is the guest-chamber, where I shall eat the passover with my disciples;

12 And he shall show you a large upper room furnished there make ready.

13 And they went, and found as he had said unto them; and they made ready the passover.

14 And when the hour was come, he sat down, and the twelve apostles with him.

15 And he said unto them, With desire I have desired to eat this passover with you before I suffer:

16 For I say unto you, I will not any more eat thereof, until it be fulfilled in the kingdom of God.

17 And he took the cup, and gave thanks, and said, Take this, and divide it among yourselves:

18 For I say unto you, I will not drink of the fruit of the vine, until the kingdom of God shall come.

19 And he took bread, and gave thanks, and brake it, and gave unto them, saying, This is my body, which is given for you: this do in remembrance of me.

20 Likewise also the cup after supper, saying, This cup

huilse, a dhòirteadh air bhur  
sonsa.

21 Ach feuch, lamb an ti  
a bhrathas mise maille rium  
air a' bhord.

22 Agus gu firinneach a ta  
Mae an duine ag imeachd a  
féir mar a dh'orduicheadh:  
ach is anaoibhinn do'n duine  
sin leis am brathar e.

23 Agus thóisich iadsan  
air fiosrachadh eatorra fein,  
co aca bha gus an ni so a  
dheanamh.

24 Agus bha mar an ceud-  
na comh-stri eatorra, co aca  
bu mhò a bhiodh.

25 Aeh a dubhairt esan  
riu, A ta aig righribh nan  
Cinneach tighearnas orra;  
agus goirear daoine fialdhiubh-  
san, aig am bheil ughdarras  
eatorra.

26 Aeh na bithibhse mar  
sin; ach an neach a's mò 'nar  
measg, biodh e mar an neach  
a's òige: agus an ti a's airde,  
mar esan a ta re frithealadh.

27 Oir co aca 's mò, an ti  
